

--	--	--	--	--	--

Total  
Marks

--	--

**X229/201**

TEISTEANAS  
NÀISEANTA  
2007

TUESDAY, 29 MAY  
1.00 PM – 1.30 PM

GÀIDHLIG  
MEADHAN ÌRE 2  
Roinn A: Èisteachd

**Do not open this Question Paper until told to do so.**

**Fill in these boxes and read what is printed below.**

Full name of centre

--

Town

--

Forename(s)

--

Surname

--

Date of birth

Day Month Year

--	--	--	--	--	--

Scottish candidate number

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Number of seat

--

Tha 30 comharraighean anns a' phàipear seo.

Tha mionaid agaibh aig an toiseach airson na ceistean a' leughadh.

Èist gu cùramach ris na h-earrannan a chluinneas tu air CD no a thèid a leughadh dhut.

Tha dà earrann anns an deuchainn.

Faodaidh tu notaichean a dhèanamh aig àm sam bith.

Leugh na ceistean airson earrann 1.

Cluinnidh tu earrann A dà thuras, le dà mhionaid eadar gach turas.

Leugh na ceistean airson earrann 2.

Cluinnidh tu earrann 2 dà thuras, le dà mhionaid eadar gach turas.

Freagair na ceistean: sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.

Mus fhàg thu seòmar na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan.

Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraighean air fad a chall.



Roinn A: Èisteachd

Uine: 30 mionaid

CEISTEAN

Earrann 1

1. Cuin a bha an t-ùghdar ag iarraidh a dhol do Nirribhidh?

---

1

2. Carson a bha e ag iarraidh a dhol ann aig an àm sin?

---

2

3. Ainmich **dà** cheist a bha ann an inntinn an ùghdair.

---

2

4. Dè an obair a bha aig an ùghdar?

---

2

5. Chaidh iarraidh air an ùghdar a dhol gu fèis. Dè bhiodh aige ri dhèanamh nuair a bhiodh an fhèis seachad?

---

2

6. Dè tha air innse dhuinn mu dheidhinn Husoy?

---

2

7. Dè bha ri fhaicinn on phléan gu Bodo?

---

1

8. Dè cho fada 's a thug an turas air an aiseag?

---

1

9. Cia mheud duine a tha a' fuireach ann an Husoy?

---

1

10. Ainnlich **dà** obair a tha an fhèis a' toirt do dhaoine.

---

---

2

(16)

[Tionndaidh an duilleag

## CEISTEAN

### Earrann 2

1. Cò bhios a' cluich aig an fhèis?

---

---

2

2. Dè bhios a' tachairt don phrothaid a nì an fhèis?

---

---

2

3. Carson nach eil e uabhasach daor an fhèis a chur air chois?

---

---

2

4. (a) Càite an robh an consairt air a chumail?

---

1

- (b) Dè a' bhuaidh a bha aig an àite sin air fuaim ceòl a' chòmhlain?

---

1

5. Cò chuidich an luchd-ciùil an dèidh a' chonsairt?

---

1

6. Cò bha a' gabhail pàirt sa chonsairt anns an talla an oidhche sin?

---

---

2

7. Carson nach robh uinneagan anns an talla mhòr?

---

---

2

8. Dè bha neònach dhan ùghdar an dèidh a' chonsairt?

---

1

(14)  
[30]

[*CRÌOCH ROINN A-ÈISTEACHD*]

[*CRÌOCH A'-PHÀIPEIR*]

**[DUILLEAG BHÀN]**

**[DUILLEAG BHÀN]**

**MARKER'S GRID**

Candidate Name	
Candidate Number	
Section A	Èisteachd <b>30</b>
Section B(i) B(ii)	Leughadh <b>30</b>
	Sgrìobhadh <b>30</b>
<b>Total</b>	<b>90</b>

# X229/202

---

TEISTEANAS  
NÀISEANTA  
2007

TUESDAY, 29 MAY  
1.00 PM – 1.30 PM

GÀIDHLIG  
MEADHAN ÌRE 2  
Roinn A: Èisteachd (Earrann)

**This paper must not be seen by any candidate.**

The material overleaf is provided for use in an emergency only (eg the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



## Roinn A

**Earrann 1 should be read twice, with an interval of 2 minutes between each reading, to allow candidates to study the questions.**

**(The passage should be read in approximately 2 minutes.)**

**Tha mionaid agaibh airson na ceistean a leughadh.**

### **EARRANN 1**

Bha mi riamh a' miannachadh tadhail air ceann a tuath Nirribhidh ann am meadhan an t-samhraidh airson gum faicinn àite far nach bi a' ghrian a' dol fodha idir aig an àm sin. Cò ris a bhiodh e coltach? Am bithinn ag iarraidh fuireach na mo dhùisg? Am biodh an cadal orm tron latha?

Bha mi air a bhith san obair ùr agam airson trì mìosan. 'S e neach-naidheachd airson iris mu cheòl a bh' annam. Chaidh faighneachd dhòm aon latha an robh mi airson a dhol gu fèis ciùil ann an ceann a tuath Nirribhidh. Dh'aontaich mi ann an làrach nam bonn. Cha b' e direach saor-làithean a bhiodh ann. Dh'fheumainn aithisg a sgrìobhadh mun fhèis airson na h-iris. Ach bha mi coma. Bha mi a' dol a Nirribhidh agus bha mi air mo dhòigh glan.

Bha an fhèis gu bhith air Eilean Husoy, eilean beag, creagach faisg air Cearcall na h-Artaig. Dh'fheumainn smaoineachadh mu dheidhinn ciamar a gheibhinn ann. Mar sin, chaidh mi gu oifis siubhail sa bhaile agus cha b' fhada gus an robh a h-uile càil air dòigh.

Air latha gu math gruamach ann an Alba, sgèith mi à Glaschu gu ruige Oslo. An uair sin chaidh mi air plèan na bu lugha, thairis air beanntan le sneachd orra, gu Bodo ann an ceann a tuath Nirribhidh. Bha agam an uair sin ri bàta-aiseig a ghabhail à Bodo gu Husoy. An dèidh còig uairean a thìde air a' bhàta, bha sinn ann an Husoy.

Air a' chiad sealladh, bha e doirbh a chreidsinn gun robh ceithir cheud duine a' fuireach air eilean cho beag. Ach fhuair mi a-mach nach biodh an àireamh cho mòr mura b' e an fhèis. Tha an fhèis a' toirt obair fheumail don eilean. Tha oifigear leasachaiddh, stiùiriche agus dithis rùnairean ag obair dhan fhèis làn ùine. Tha teaghlaichean òga aca uile agus tha sin a' cumail àireamh nan sgoilearan meadhanach fallain. Tha mu leth-cheud duine ag obair dhan chomhairle agus tha a' mhòr-chuid de chàch ri iasgach.

**After the second reading of Earrann 1, wait for 5 minutes, and then read Earrann 2.**

**Earrann 2 should be read twice, with an interval of 2 minutes between each reading, to allow candidates to study the questions.**

**(The passage should be read in approximately 2 minutes.)**

## **EARRANN 2**

Ged a tha Husoy iomallach agus fada bho thîr-mòr Nirribhidh, chan eil leisge sam bith air luchd-ciùil ainmeil às na dùthchannan Lochlannach a dhol a chluich ann. Tha trì cheud neach a' ceannach thiogaidean gach bliadhna agus tha a' phrothaid a' dol air ais dhan choimhearsnachd. Seach gu bheil an luchd-cuideachaидh aig an fhèis fhèin ag obair gu saor-thoileach, chan eil na cosgaisean cho mòr 's a shaoileadh tu.

A' chiad latha, bha consairt aca ann an uaimh eadar dà uair agus ceithir uairean feasgar. B' ann à Fionnlainn a bha am priomh chòmhlan san robh dithis air giotàr agus dithis eile a' seinn. Bha an ceòl àlainn agus bha am fuaim làidir air sgàth cumadh na h-uaimhe. Bha am fuaim gun shamhail.

Nuair a bha an consairt seachad, chuidich feedhainn dhen luchd-èisteachd an luchd-ciùil. Thog gach duine inneal-ciùil no pìos uidheamachd eile agus choisich iad sìos chun a' chidhe leotha. Chuir iad an uair sin a h-uile càil air bàrd a' bhàta.

An oidhche sin bha consairt eile ann an talla gun uinneagan. Bha na seinneadairean a b' ainmeile agus na còmhlain bu mhotha a' gabhail pàirt ann. Tha e cudromach solas na gréine a chumail a-mach airson gum bi daoine a' smaoineachadh gu bheil an oidhche ann. Agus bha mi fhèin dha rìribh dhen bheachd sin fhad 's a bha mi a-staigh san talla. Abair gun robh e annasach tighinn a-mach às an talla aig uair sa mhadainn agus solas an latha fhathast ann.

*[CRÌOCH NAN EARRANN]*

[DUILLEAG BHÀN]

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

Total  
Marks

--	--

**X229/203**

TEISTEANAS  
NÀISEANTA  
2007

TUESDAY, 29 MAY  
1.50 PM – 3.30 PM

GÀIDHLIG  
MEADHAN ÌRE 2  
Roinn B(i): Leughadh  
Roinn B(ii): Sgrìobhadh

**Do not open this Question Paper until told to do so.**

**Fill in these boxes and read what is printed below.**

Full name of centre

--

Town

--

Forename(s)

--

Surname

--

Date of birth

Day Month Year

--	--	--	--	--	--	--

Scottish candidate number

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Number of seat

--

Tha 60 comharraighean anns a' phàipear seo.

**Earrann B(i) Leughadh**

Leugh an earrann Ghàidhlig gu faiceallach, agus an uair sin freagair na ceistean, a' tòiseachadh le Ceist 1.

Nuir a shaoileas tu gur aithne dhut freagairt ceiste, sgrìobh am freagairt **ann an Gàidhlig** anns a' bheàrn. (Chan eil e air a shùileachadh gun lion thu na beàrnan uile.)

Faodaidh tu facclair Gàidhlig a chleachdadh.

**Earrann B(ii) Sgrìobhadh**

Sgrìobh do fhreagairt anns an leabhran a thèid a thoirt dhuit.

Fàg ùine gu leòr airson gach earrann a chriochnachadh.



## EARRANN 1

Cha mhòr nach eil an òigridh gu lèir dèigheil air a bhith a' dol a-steach dha na bailtean mòra a tha againn ann am Breatainn agus a bhith a' coiseachd nan sràidean agus a' cosg airgid nam bùithtean.

Ach chan ann mar sin a tha e do chloinn a tha a' fuireach ann am Bogotà, priomh bhaile Cholombia ann an Ameireaga a Deas. An sin, tha an t-uabhas de phàrantan bochda nach urrainn iad fhèin agus an cuid chloinne a bheathachadh. Air sgàth sin, tha na miltean de chloinn air an tilgeil a-mach às an taighean – cuid dhiubh cho òg ri ceithir bliadhna a dh'aois. Tha aig a' chloinn seo ri bhith a' tighinn beò air sràidean cunnartach a' bhaile mhòir. 'S e eucoir an aon dhòigh air seo a dhèanamh.

Tha a' chlann seo an-còmhnaidh ann am fior chunnart – fiù 's bhon phoileas a tha air mòran dhiubh a mharbhadh iad fhèin. Chan eil àite nas sàbhailte dhan chloinn na na säibhearan gràineil a tha a' ruith fon bhaile 's a tha nan dachaighean dhaibh.

Ach, tha buidhnean ann a tha a' strì gus piseach a thoirt air suidheachadh na cloinne seo: buidhnean mar *Children of the Andes*.

Tha luchd-obrach *Children of the Andes* a' coinneachadh ris a' chloinn tro bhith a' dol a-mach thuca le biadh agus stuthan meidigeach. An sin, tha e comasach mìneachadh dhaibh gu bheil cothrom aca beatha ùr fhaighinn air falbh bho bhrùidealachd nan sràidean. Bidh a' chlann an-còmhnaidh a' faighinn cuireadh a thighean a dh'fhuireach ann an dachaighean mòra na buidhne far am faigh iad blàths, sàbhailteachd agus càram.

## CEISTEAN

1. A rèir an sgrìobhadair, càit an toil le cloinn ann an Alba a bhith?

---

1

2. Carson a tha clann ann am Bogotà tric air an cur a-mach às an dachaighean?

---

2

3. Ciamaid a bhitheas a' chlann gun dachaigh a' tighinn beò?

---

1

4. Ainmich buidheann a tha a' cur beatha na cloinne seo ann an cunnart.

---

1

5. Dè an dachaigh a tha aig mòran den chloinn seo?

---

2

6. Innis mar a tha *Children of the Andes* a' cur eòlas air a' chloinn.

---

2

7. (a) Dè tha *Children of the Andes* airson innse dhan chloinn a tha air an t-sràid?

---

2

- (b) Dè bhitheas *Children of the Andes* a' tairgsinn dhan chloinn?

---

2

(13)

**[Tionndaidh an duilleag**

## EARRANN 2

DO NOT  
WRITE IN  
THIS  
MARGIN

Comharraidhean

Nuair a leugas sinn mu dheidhinn clann bhochd ann an dùthchannan eile, tha sinn buailteach a bhith a' smaoineachadh nach eil mòran thrioblaidean aig òigridh ann am Breatainn fhèin. Tha sinn am measg nan dùthchannan as beartaich san t-saoghal agus tha cothrom againn uile air foghlam agus seirbhisean slàinte. Uill, 's dòcha gun cuireadh e iongnadh oirnn a bhith a' faighinn a-mach gu bheil còig deug sa cheud de chloinn ar dùthcha beò ann am bochdainn.

Gidheadh, tha sinn fortanach ann am Breatainn gu bheil iomadh carthannas ann a tha a' feuchainn ri beatha na h-òigridh seo a leasachadh: carthannasan mar *Clann ann an Eis*. Anns an t-Samhain, bidh an tachartas as mothà ann am bliadhna a' BhBC a' gabhail àite nuair a thig a' bhuidheann gu lèir còmhla ann an aon phròiseact mòr air an telebhisean agus air an rèdio.

Ann an 2004, thug sluagh Bhreatainn còrr air trìthead 's a ceithir millean nota seachad dhan charthannas. Thèid an t-airgead gu lèir gu carthannasan a tha ag obair gus piseach a thoirt air beatha òigridh air feadh na dùthcha. Às a seo, tha cuideachadh air a thoirt do chloinn a tha air am beò-ghlacadh le drogaichean agus a tha air fulang ri linn bhurraidheachd. Tha taic-airgid cuideachd air a thoirt do bhuidhnean a tha ag obair le òigridh a tha a' fuireach air na sràidean.

### CEISTEAN

1. (a) Dè am beachd a dh'fhaodadh a thiginn a-steach oirnn nuair a leugas sinn mu òigridh bhochd ann an dùthchannan thall-thairis?

---

---

2

- (b) Carson a dh'fhaodadh sinn a bhith den bheachd sin?

---

---

---

3

2. Dè am fiosrachadh a tha a' dearbhadh nach eil beatha fhurasta aig an òigridh gu lèir ann am Breatainn?

---

---

2

3. Dè tha againn ann am Breatainn a tha gar dèanamh fortanach?

---

2

4. Dè tha sònraichte mun latha mhòr a tha a' tachairt anns an t-Samhain?

---

---

---

3

5. Dè cho èifeachdach 's a tha airgead *Chlann ann an Èis* ann a bhith a' ruighinn na feadhainn a tha a' cur feum air?

---

---

---

3

6. Ainmich **dà** thrioblaid a tha airgead *Chlann ann an Èis* a' leasachadh.

---

---

2

(17)

[30]

[*CRÌOCH ROINN B(i)-LEUGHADH*]

**[Tionndaidh an duilleag**

Roinn B(ii): Sgrìobhadh

Uine: 60 mionaid (moladh)

Sgriobh air AON de na cuspairean a leanas.

1. Latha mòr anns an sgìre agam. (30)
2. Mo sheanair NO mo sheanmhair. (30)
3. Còmhradh ri cuideigin ainmeil. (30)
4. B' fheàrr leam gum faighinn cothrom . . . (30)
5. Chan eil sgoiltean a' dèanamh gu leòr airson sgoilearan a chumail fallain. (30)
6. Taibhse. (30)
7. An cosnadh a bu toil leam fhaighinn. (30)
8. A' chiad turas . . . (30)

[*CRÌOCH ROIINN B(ii)—SGRÌOBHADH*]

[*CRÌOCH A' PHÀIPEIR*]

**[DUILLEAG BHÀN]**

**MARKER'S GRID**

Candidate Name	
Candidate Number	
Section A	Èisteachd <b>30</b>
Section B(i)	Leughadh <b>30</b>
B(ii)	Sgriobhadh <b>30</b>
<b>Total</b>	<b>90</b>